

# Mar a Phòs Gille Òg Gun Tochar

## Mar a chaidh innse le Tony Dilworth

*Fhuair mi an sgeulachd seo bho Bonaventure C. K. Mkumbi de na Warimi a tha a' fuireach timcheall air Singida ann an Tanzania. Is ann mu dheidhinn siostam an tochair a tha i agus tha an sgeulachd ag innse mun dòigh a chaidh aig gille òg a phòsadh gun a bhith toirt seachad tochair do athair na caileige. 'S e Kasunta am facal a th'aig Bonaventure airson eòin. 'S e facal Kiriimi a th'ann agus chan eil e san fhaclair Swahili. Tha e ga sgrìobhadh le còrr-litir, mar sin chleachd mi Kasunta mar gum b'e ainm pearsanta an eòin.*

Uair den t-saoghal, bha seana-bhoireannach a' fuireach le a h-ogha. Bha iad le chèile glè bhoich agus uime sin cha b'urrainn don ghille pòsadh oir cha robh gu leòir aca airson tochar a phàigheadh do athair nighinne sam bith. Ach cha robh seanmhair a' ghille na tàmh. Bha i an-còmhnaidh a' smuaineachadh mun ghnothach, agus mu dheireadh bhuaill i air plana.

Bha craobh air an robh flùraichean bòidheach sa ghàradh air chùl a' bhothain aca. Thuirt an t-seana-bhoireannach ri h-ogha, "Feumaidh tu na flùraichean a th' air a' chraoibh ud a dhìon bho na meanbh-fhrìdean. Ma thùirlingeas meanbh-fhrìd sam bith air aon de na flùraichean, thoir a-staigh i, agus dìon ise às dèidh sin 's na cùm sùil air a' chraoibh tuilleadh. Ma mharbhas creutair sam bith a' mheanbh-fhrìd, thoir an creutair sin a-staigh agus dìon e. Ma mharbhas creutair eile an creutair sin, thoir an creutair ud eile a-staigh agus dìon esan. Feumaidh tu cumail ort mar sin."

"Ach, a sheanmhair," dh'fhaighnich an gille, "carson a tha sibh ag innse seo dhomh?"

"M'eudail 's mo ghràidh," fhreagair i, "dèan na tha mi ag iarraidh ort agus mu dheireadh thall pòsaidh tu nighean gun tochar a phàigheadh."

Rinn an gille na dh'iarr a sheanmhair air. Ghabh e cùram dhe na flùraichean agus là bha siud, nuair a bha e a' cumail sùil orra, chunnaic e meanbh-fhrìd a' deoghal sùgh bho aon de na flùraichean. Rug e air a' mheanbh-fhrìd agus fhad 's a bha e ga toirt chun an taighe, sheinn e gu sunndach:

Jingili watomole uluva,

Uluva mama walemile iyene.

Solo: Kisoita munchu uka kwenda ukhaitu  
Ou, jingili!

Chorus: Uka kwende ukhaitu

Dheoghail a' mheanbh-fhrìd na flùraichean,  
Na flùraichean a dh'fhàs mo sheanmhair.

Aonan: Seo mo thoil, a mheanbh-fhrìd, rachamaid dhachaigh,  
O, a mheanbh-fhrìd!

Co-sheirm: Rachamaid dhachaigh.

Ràinig an gille òg an taigh, 's e fhathast a' gabhail an òrain uair 's uair. Bha a sheanmhair toilichte fhaicinn agus meanbh-fhrìd na làimh.

“S math a fhuaras agad, m' fhir bhig!” thuirt a' chailleach le toileachas. “A-nis seachainn na flùraichean agus dìon a' mheanbh-fhrìd seo gun fhios nach tig creutair beò eile a mharbhas i. Ma mharbhas creutair sam bith i, beir air a' chreutair, thoir dhachaigh e agus dìon esan. Cùm ort a' dèanamh seo agus aig a' cheann thall, gheibh thu bean dhut fhèin gun tochar a phàigheadh. ‘Eil thu tuigsinn?’”

“Tha gu dearbh, a ghrannam,” fhreagair an gille. “Ach a bheil sin dha-rìribh fìor?”

“Cho fìor ris an fhìrinn fhèin, ogham o ghràidh,” fhreagair i.

Chum an t-ogha sùil air a' mheanbh-fhrìd, ach corra là às dèidh sin chaidh a marbhadh le eun beag leis an ainm Kasunta. Rug e air an eun agus thug e dhachaigh do sheanmhair e, 's e seinn mar a leanas:

Kasunta watomole jingili,  
Jingili watomole uluva,  
Uluva mama walemile iyene.

Solo: Kisoita Kasunta uka kwende ukhaitu  
Ou, Kasunta! Ou, jingili!

Chorus: Uka kwende ukhaitu

Shàth Kasunta a' mheanbh-fhrìd le ghob,  
A' mheanbh-fhrìd a dheoghail na flùraichean,  
Na flùraichean a dh'fhàs mo sheanmhair

Aonan: Seo mo thoil, thusa Kasunta, rachamaid dhachaigh,  
O, Kasunta! O, a mheanbh-fhrìd.

Co-sheirm: Rachamaid dhachaigh.

Corra là às dèidh sin, chaidh an t-eun a spadadh fo ladhar tarbh mòr a bha air an t-slighe gu cluain fheòir uaine. Bhàsaich an t-eun bochd. Chuir an gille stad air an tarbh 's thug e dhachaigh e da sheanmhair. Mar a bha e a' coiseachd, sheinn e an t-òran a-rithist:

Njiku eye apondile Kasunta,  
Kasunta watomole jingili,  
Jingili watomole uluva,  
Uluva mama walemile iyene.

Solo: Kisoita njiku eye uka kwende ukhaitu  
Ou njiku eye! Ou, Kasunta! Ou, jingili!

Chorus: Uka kwende ukhaitu

Sheas an tarbh seo air Kasunta,  
Shàth Kasunta a' mheanbh-fhrìd le ghob,  
A' mheanbh-fhrìd a dheoghail na flùraichean,  
Na flùraichean a dh'fhàs mo sheanmhair.

Aonan: Seo mo thoil, a thairbh seo, rachamaid dhachaigh  
O, a thairbh seo! O Kasunta! O, a' mheanbh-fhrìd.

Co-sheirm: Rachamaid dhachaigh.

Bha an gille òg ag ionaltradh an tairbh, ach corra sheachdainn às dèidh sin chaidh a bhualadh gu bàs le caileig bhòidhich a thàinig air 's e 'g itheadh na

mileid ann an achadh a h-athar. Sheas a' chaileag 's bha I coimhead air an tarbh mharbh nuair a rug an gille òg gu teann air a gàirdean.

“Mo bhean,” thuirt an gille òg rithe ann an cagarsaich, oir bha e air tuigsinn sa' mhionaid gun robh na dh'innis a sheanmhair dha air tachairt gun teagamh sam bith. Phòg e a' chaileag 's thug e dhachaigh i làmh air laimh 's e gabhail òrain fhèin.

Munchu uyu waponbile njiku ane,  
Njiku ane apondile Kasunta,  
Kasunta watomole jingili,  
Jingili watomole uluva,  
Uluva mama walemile iyene.

Solo: Kisoita munchu uyu uka kwende ukhaitu,  
Ou munchu uyu! Ou, njiku eye! Ou, Kasunta! Ou, jingili!

Chorus: Uka kwende ukhaitu

Mhurt a' mhaighdeann seo mo tharbh,  
Sheas mo tharbh air Kasunta,  
Shàth Kasunta a' mheanbh-fhrìd le ghob,  
Dheoghail a' mheanbh-fhrìd na flùraichean,  
Na flùraichean a dh'fhàs mo sheanmhair.

Aonan: Seo mo thoil a mhaighdeann seo, rachamaid dhachaigh  
O, a mhaighdeann seo! O, a thairbh seo! O Kasunta! O, a  
mheanbh-fhrìd!

Co-sheirm: Rachamaid dhachaigh.

Nuair a chuala an t-seana-bhoireannach òran a h-ogha, thàinig i a-mach às a' bhothan oir thuig I sa' mhionaid gun do choisinn e cruinneag àlainn. Chuir i fàilte air an dithisd òg le subhachas, chuir i meal-an-naidheachd air a h-ogha agus thug i ainm ùr don chruinneig. Mjaire, ainm a tha a' ciallachadh bòidheachd, oir 's i maighdeann àlainn, dreachmhor a bh' innte.